

Cuspair Clàir- ghnothaich	<b>5</b>
Àir. Aithisge	<b>G/6/21</b>

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 18 Cèitean 2021

**Tìotal Aithisge:** Eadar-theangachadh Gàidhlig

**Aithisg le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mun obair a tha Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig a' dèanamh, agus na lùib tha:

- a) foir-shealladh air an obair a chaidh a dhèanamh eadar an Giblean 2020 agus am Màrt 2021; agus
- b) geàrr-chunntas air na pròiseactan a tha san amharc

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan obair a chaidh a dhèanamh a thaobh eadar-theangachadh Gàidhlig; agus
- ii. Toirt fa-near dha na leasachaidhean a tha a' gabhail àite an-dràsta agus dhan fheadhainn a tha san amharc.

### 3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha a h-uile nì a thaobh ghoireasan taobh a-staigh a' phrìomh bhuidseat a th' ann an-dràsta, a' gabhail a-steach prìomh bhuidseat na Comhairle agus Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

3.2 Laghail

Tha e mar dhleastanas air Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig a thoirt gu buil, mar a th' air iarraidh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Tha an aithisg a' cumail ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh co-

ionannachd. Chan eil càil innte a bheireadh droch bhuidh air co-ionannachd, no air gnothaichean sòiseo-eaconamach, dùthchail no eileanach.

#### 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Tha Sgioba na Gàidhlig a' frithealadh gach coinneamh an-dràsta air loidhne agus gu bhìortail, agus mar sin a' lùghdachadh na thathar a dhèanamh de shiubhal airson obair.

#### 3.5 Cunnart

Tha obair Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig cudromach a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri poileasaidh dà-chànanach na Comhairle agus a' cur an sàs Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023 (PnG3) agus cuideachd Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

#### 3.6 Gàidhlig

Tha an Aithisg seo gu math brosnachail a thaobh gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar gach roinn ann an sgìre na Gàidhealtachd. Tha Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig cuideachd ag obair ann an co-chomhairle ri buidhnean eile mu ainmean-àite agus gnothaichean cànan is corpais, agus mar sin a' cur ri leasachadh cànan gu nàiseanta.

### 4. Eadar-theangachadh Gàidhlig

4.1 Chan eil ach aon neach ag obair aig Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig, agus 's e sin Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh, aig a bheil raon-dleastanais, am measg rudan eile, airson a bhith ag eadar-theangachadh, a' dearbh-leughadh agus a' dèiligeadh ri iarrtasan a thaobh comhairle air cànan. Eadar 1 Giblean 2020 agus 31 Màrt 2021, chaidh dèiligeadh ri 939 iarrtas fa leth. Tha caochladh air gach iarrtas a thaobh meud, bho abairtean goirid gu pròiseactan anns a bheil na mìltean de dh'fhaclan. Thàinig a' mhòr-chuid de na h-iarrtasan seo bho thaobh a-staigh seirbheisean na Comhairle, ach còmhla ris a seo, chaidh cuideachadh a thoirt do Bhuill na Comhairle, Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) agus uaireannan buidhnean bhon taobh a-muigh. Cha robh uimhir de dh'iarrtasan ann bho High Life na Gàidhealtachd air sàillibh glasadh-sluaigh Covid-19.

Bha a' mhòr-chuid de dh'eadar-theangachaidhean bho Bheurla gu Gàidhlig. Bha 14 eadar-theangachadh bho Ghàidhlig gu Beurla agus bha iad seo co-cheangailte ri co-sgrìobhachas poblach is bho na meadhanan.

Tha a' mhòr-chuid de dh'iarrtasan co-cheangailte ri goireasan foghlaim, sgrìobhainnean corporra agus soidhnichean sràide is thogalaichean. Tha na fo-earrannan a leanas a' toirt sealladh air an obair a chaidh a dhèanamh le Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig anns a' bhliadhna ionmhais 2020–21.

#### 4.2 Foghlam

Am measg na taic a thugadh a thaobh goireasan foghlaim bha: an sreath leabhraichean chloinne 'Cùm Ort'; leabhar fonaigs; Pròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd; Pròiseact Àireamhachd is Matamataig na Gàidhealtachd (anns an robh stuthan measaidh diagnosach agus cairtean dùbhlain); bùth-obrach sgrìobhadh cruthachail air-loidhne; stuthan teagaisg Eaconamas Dachaigh; cairtean le abairtean Gàidhlig airson sgoiltean; agus gnìomhan Build Back Better anns an robh taisbeanaidhean PowerPoint mu choròna-bhiorasan agus cho cudromach 's a tha slàinteachas is astarachadh sòisealta.

Chaidh obair a dhèanamh còmhla ri Neach-cuideachaidh nan Goireasan Gàidhlig airson stuthan a dhèanamh a chumadh taic ri ionnsachadh is cur-seachadan san dachaigh tron ghlasadh-sluaigh. An lùib seo chaidh grunn thaisbeanaidhean PowerPoint a dhèanamh, le thar-ghuthan airson taic a chumail ri togail cànan agus airson fuaimneachadh ceart a bhrosnachadh.

Am measg nan teacsaichean rianachail is taiceil eile a bha co-cheangailte ri foghlam, bha cuairt-litrichean, clàran-bìdh sgoile, fiosrachadh clàrachaidh, agus conaltradh a thaobh sgìrean-sgoile. Chaidh postairean a dhèanamh cuideachd le fiosrachadh is stiùireadh mu Covid-19 a dh'fhaodadh a chleachdadh ann an sgoiltean is ann an àiteachan eile.

#### 4.3 **Sgioba na Gàidhlig**

Lean taic do Sgioba na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Chaidh stuthan a dhèanamh do gach aois, bho Thràth-bhliadhnaichean gu Ionnsachadh Inbheach, le cuideam ga chur air bhidiothan is goireasan a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh air-loidhne. Chaidh eadar-theangachadh a dhèanamh do FC Sonas a chuireadh Gàidhlig air adhart tro sgilean ball-coise agus slàinte is fallaineachd, tro bhidiothan is taisbeanaidhean PowerPoint. Chaidh cuideachadh a thoirt do luchd-obrach aig a bheil ceangal ri prìomh chom-pàirtichean a thaobh nithean Gàidhlig is cultair.

#### 4.4 **Teacsaichean Corporra is Margaidheachd**

Tha gach clàr-gnothaich, aithisg is geàrr-chunntas airson Comataidh Gàidhlig na Comhairle air an toirt seachad anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla. Tha tiotalan is fo-thiotalan air an toirt seachad do sgrìobhainnean corporra aig nach eil dlùth-cheangal ris a' Ghàidhlig. Nam measg, tha clàran-gnothaich is geàrr-chunntasan chomataidhean, measgachadh de dh'aithisgean corporra, agus bileagan sanasachd is fiosrachaidh co-cheangailte ri seirbheisean na Comhairle.

#### 4.5 **Dàimh Phoblach agus Follaiseachd**

Chaidh 36 brath-naidheachd co-cheangailte ri gnothaichean is tachartasan Gàidhlig a luchdachadh suas gu dà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle. Nan lùib bha: brosnachadh airson nam bhidiothan ball-coise aig FC Sonas; bhidiothan brosnachaidh camanachd; meal a naidheachd air Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh airson Duais Fòram Iomairt Shòisealta an t-Saoghail a bhuannachadh airson obair carthannas le fògarraich; cur air adhart Mòd Ionadail an Eilein Sgitheanaich air-loidhne; cur air adhart iomairtean a thaobh Latha an Èadhair Ghlain; cur air adhart Cèilidh na Comhairle; comharrachadh soirbheachas Mòid Nàiseanta Rìoghail 2020 air-loidhne; fiosrachadh mu Siuthad, an tachartas dreuchd air-loidhne; cur air adhart Blas 2020 air-loidhne; comharrachadh soirbheachas luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd aig Duaisean Foghlaim 2020; soirbheachas nan sgoiltean Gàidhealach aig Duaisean FilmG; tòiseachadh air obair togail na sgoil-àraich ùir aig Bun-Sgoil Shlèite; agus cur air adhart Latha Gàidhlig air-loidhne, a' toirt fiosrachadh do phàrantan mu na buannachdan a tha an lùib dà-chànanaidh.

#### 4.6 **Co-sgrìobhachas**

Thàinig 45 iarrtas airson eadar-theangachadh air co-sgrìobhachas oifigeil, cuide ri teachdaireachdan puist-d neo-fhoirmeil eile chun na Comhairle agus bhuaipe, nam measg grunn Tweets agus sanasan Facebook.

#### 4.7 **Sanasan Dreuchd**

Chaidh 25 sanasan dreuchd eadar-theangachadh airson am foillseachadh, le cunntasan-obrach is sònrachadh an neach-obrach, far an robh Gàidhlig riatanach no so-iarrtach.

#### 4.8 **Soidhnichean Sràide agus Soidhnichean Stiùiridh airson Rathaidean**

Tha a' Chomhairle a' cumail oirre ag obair còmhla ri AÀA mar bhuidheann chom-pàirteachais nàiseanta nan ainmean-àite Gàidhlig, agus a' cumail co-chomhairle leotha, a rèir a' phoileasaidh, airson dèanamh cinnteach gu bheil na h-ainmean-àite cearta air an cleachdadh air soidhnichean is ann an sgrìobhainnean.

Chaidh dèiligeadh ri 147 iarrtas airson soidhnichean rathaid is sràide, airson leasachaidhean ùra agus cuideachd airson soidhnichean ùra no feadhainn a bha a' dol an àite seann fheadhainn, airson sràidean is àiteachan air feadh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Chaidh soidhnichean a thoirt seachad airson Alanais, Àird nan Saor, Abhach, A' Mhanachainn, An Caol, Drochaid Chàrr, Cùil Bhàicidh, Inbhir Pheofharain, Dòrnach, Baile Eòghainn, Cille Chuimein, An Gearasdan, Gleann Urchadain, Inbhir Nis, Ceann a' Ghiùthsaidh, Inbhir Narann, An t-Eilean Sgitheanach, Drochaid an Aonachain, Srath Carrann, Srath Pheofhair, Baile Dhubhthaich agus Tòrr na Grèine. Chaidh soidhnichean stiùiridh airson rathaidean a thoirt seachad airson Àird nam Murchan, Gallaibh, Inbhir Pheofharain, An Gearasdan, Inbhir Nis, Luirg, Omhanaich agus Ullapul. Bha 30 soidhne an lùib seo do HITRANS airson ro-innleachd iùil ann an Loch Abar. Chaidh soidhnichean a thoirt seachad cuideachd do Cheangal Siubhal Gnìomhach an Rathaig Mhòir.

#### 4.9 **Soidhnichean Thogalaichean**

Chaidh dèiligeadh ri 111 iarrtas fa leth airson soidhnichean thogalaichean airson togalaichean is talamh a tha leis a' Chomhairle. Am measg nam pròiseactan, bha Bun-Sgoil Mharc-Innis, Acadamaidh Alanais, Ionad-Spòrs Alanais, Taigh nam Marsantan ann an Inbhir Nis, Sgoil-Àraich Bruach Ròis, Bun-Sgoil Bhruaich Màiri, Ionad Tràth-lonnsachaidh is Cùraim-Chloinne Bun-Sgoil Dhonnchaidh Fhoirbeis agus Ionad Tràth-lonnsachaidh is Cùraim-Chloinne Allt Èireann. Chaidh stiùiridhean lioft cuideachd a dhèanamh airson Acadamaidh Alanais. Tha an leasachadh leantainneach a thaobh soidhnichean dà-chànanach a' togail làthaireachd lèirsinneach na Gàidhlig agus a' toirt togail dhan ìomhaigh aice ann an sgoiltean, ann an àiteachan-obrach agus nas fharsainge anns a' choimhearsnachd. Thathar an dòchas gun tèid an iomairt seo a rinneadh o chionn ghoirid, a tha a' dèanamh cinnteach gun cluinnear is gum faicear a' Ghàidhlig, a sgaoileadh a-mach ann an àiteachan eile agus gun toir seo an tuilleadh togail dhan chànan.

#### 4.10 **Pannalan Mìneachaidh**

Chaidh Gàidhlig a chur air grunn phannalan mìneachaidh, nam measg an fheadhainn a chaidh a chur suas air bùird-shanasachd mu thimcheall Chaisteal Inbhir Nis rè an obair-leasachaidh a rinneadh o chionn ghoirid. Bha fiosrachadh ionadail a thaobh cultar, eachdraidh agus Gàidhlig an lùib a' mhìneachaidh dà-chànanach. Chaidh teacsa cuideachd a thoirt seachad airson làrach-lìn Spiorad na Gàidhealtachd, aig an robh ceangal ris a' phròiseact leantainneach aig Caisteal Inbhir Nis, agus airson làrach-lìn Slighe Chruithneach na Gàidhealtachd.

Chaidh teacsaichean Gàidhlig a bha a’ comharrachadh eachdraidh is dualchas ionadail a thoirt seachad airson an gràbhaladh air ìomhaighean fiodha a bha gan cur suas ann an ceàrnag a’ bhaile ann am Baile Ùr an t-Slèibh. Chaidh mìneachadh cuideachd a thoirt seachad airson pannalan mu Chonbhoidean Artaig na Ruis, a bha gan cur suas ann an Rubha nan Sasan, cuide ri comharran airson Slighe Chruithneach na Gàidhealtachd. Chaidh brataichean Baile Urramach Quidditch dà-chànanach a thoirt seachad airson an cur suas ann am Port Rìgh.

## 5. Coimeas ri Bliadhnaichean Roimhe

- 5.1 Chaidh Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh anns a’ Mhàrt 2009, an toiseach le taic airgid a bha a’ lùghdachadh mean air mhean, bho Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) tro ionmhas Bhòrd na Gàidhlig. Bho 2011, tha taic airson na seirbheis a’ tighinn bho Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig a th’ air a mhaoinachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Tha obair na seirbheis air a stiùireadh le iarrtasan, agus chaidh dèiligeadh ri mòran iarrtasan eadar-theangachaidh is dearbh-leughaidh bhon a chaidh a stèidheachadh an toiseach. Tha an clàr a leanas a’ sealltainn nan àireamhan iomlan de dh’iarrtasan a thàinig a-steach anns gach bliadhna ionmhasail anns na grunn bhliadhnaichean a chaidh seachad. Tha cunntasan mìosail air an cumail, anns a bheil fiosrachadh mu chinn-latha, luchd-aithne, seirbheisean, cuspairean agus cunntasan fhaclan. Tha diofar mòr anns gach iarrtas fa leth, bho rud anns nach eil ach aon fhacal gu sgrìobhainnean mòra, agus mar sin, tha diofar mòr anns an ùine a thathar a’ cosg air gach iarrtas fa leth. Math dh’fhaodte gun cosgar ùine mhòr air iarrtas aon fhacal a leithid ainm-àite, tro rannsachadh is tro bhreithneachadh le AÀA, fhad ’s as urrainnear abairt ghoirid a thilleadh sa bhad. Mar sin, air sàillibh iomadh eadar-dhealachadh, chan urrainnear coimeas cunbhalach a dhèanamh air na h-àireamhan. A dh’aindeoin sin, tha iad a’ sealltainn gu bheil iarrtas seasmhach air obair na seirbheis.

Giblean–Màrt	Àir. Iarrtasan
2014–15	810
2015–16	767
2016–17	620
2017–18	918
2018–19	748
2019–20	720
2020–21	939

## 6. Ath-dhreachdadh Poileasaidh Dà-chànanach na Comhairle

- 6.1 Nochd *Guidelines on bilingual signage for Highland Council staff and additional Guidance for the use of Gaelic* ann an 2010 agus tha e feumach air ath-sgrùdadh. Thathar ag ath-dhreachdadh na sgrìobhainn seo an-dràsta agus tha dùil gun tèid ath-dhealbhadh le Dealbhadair Grafaigeach na Comhairle airson ’s gum bi e ann an cruth a tha nas fhasa a làimhseachadh. Thèid fiosrachadh an luchd-aithne ùrachadh agus thèid iomraidhean a cheangal ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig a th’ ann an-dràsta.
- 6.2 Thèid puingeann practaigeach a chur ris airson am poileasaidh a neartachadh agus a cho-thaobhadh ris na tha a’ gabhail àite an-dràsta. Am measg seo, bidh iarrtas gun tèid

fiosrachadh goirid a thoirt seachad mu ainmean-àite airson pròiseas an eadar-theangachaidh a chuideachadh, agus iarrtas gun till teamplaidean nan soidhnichean gu Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig airson an dearbh-leughadh mus tèid an dèanamh. Thèid na thathar a dèanamh an-dràsta a thaobh a bhith a' cleachdadh shoidhnichean a tha a-mhàin ann an Gàidhlig, ann an àiteachan far nach eil ach FtG, a chur ris gu foirmeil.

- 6.3 Bu chòir gun dèan an sgrìobhainn ùraichte daingneachadh air a' phoileasaidh dà-chànanach – a tha na phoileasaidh thar-seirbheis – thairis air a' Chomhairle gu lèir. Chan fhaighear an sgrìobhainn a th' ann an-dràsta ach a-mhàin air eadra-lìon na Comhairle, agus thathar a' moladh gun tèid an sgrìobhainn ùr air làrach-lìn na Comhairle airson 's gum faic a h-uile duine e.
- 6.4 Nuair a thèid am poileasaidh ath-dhreachdadh is ath-dhealbhadh, thathar an dùil gun tèid e mu choinneamh nam Ball airson beachdachadh air agus aontachadh ris aig an ath choinneamh den Chomataidh Ghàidhlig, agus an uair sin gun tèid e mu choinneamh na Làr-Chomhairle airson a dhaingneachadh.

## 7 Pròiseactan san Amharc

- 7.1 Air sàillibh àireamh àrd nan iarrtasan a thathar a' faighinn, tha obair Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig sa bhitheantas a' dol air adhart mar fhreagairt air iarrtasan a tha a' tighinn a-steach seach for-ghnìomhach. A dh'aindeoin seo, tha dùil gun tèid grunn phròiseactan eile a thoirt gu buil fo PnG3. Nam measg, tha tabhartas do luchd-obrach a thaobh bannan-coise phearsanta dà-chànanach airson puist-d, teachdaireachdan "air falbh on oifis" is msaa, agus bidh seo air a thabhann thar gach seirbheis.

Cuidichidh Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig ann a bhith a' trèanadh luchd-obrach a tha ann an suidheachaidhean fàilteachais, airson teachdaireachdan fàilteachaidh, sanasan agus abairtean bunaiteach dà-chànanach a neartachadh.

Tro cho-obrachadh le Sgioba na Gàidhlig, thèid an 'Toolkit' Gàidhlig a tha air làrach-lìn na Comhairle ath-nuadhachadh. Tha sinn cuideachd ag amas air na tha de Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle a chur am meud, tro bhith a' co-obrachadh le Sgioba Didseatach agus Sgioba Conaltradh Corporra na Comhairle.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 27.04.21

Ùghdar: Jo NicDhòmhnaill

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Chan eil seo buntainneach